

Ma bhios cuideachadh sam bith a dhìth ort gus an cunntas-sluaigh a lìonadh a-steach, cuir fòn dhan loidhne-chuideachaidh air

**0800 030 8308**

## Cuideachadh agus taic ►

Ma bhios cuideachadh a dhìth ort gus an cunntas-sluaigh agad a lìonadh a-steach, le taic eadar-theangachaidh no riochdan eile, faodaidh sinne cuideachadh:



Tadhail oirnn air an Lìon  
[www.census.gov.scot](http://www.census.gov.scot)



Cuir fòn dhan loidhne-chuideachaidh againn an-asgaidh air  
**0800 030 8308**



Cleachd text relay  
**18001 0800 030 8308**



Faodaidh luchd-cleachdaidh Cànan-soidhnidh Bhreatainn fios a chur thugainn le bhith a' cleachdadh  
[contactscotland-bsl.org](http://contactscotland-bsl.org)

## Cunntas-sluaigh na h-Alba.

A' cur nan rudan iomchaidh a-mach, tha e a' tòiseachadh le bhith **ga lìonadh a-steach.**

[census.gov.scot](http://census.gov.scot)



Scotland's Census  
Shaping our future  
A' dealbhadh ar n-àm ri teachd

# Thèid againn uile air buaidh a thoirt ma lìonas sinn a-steach e.

**Cunntas-sluaigh na h-Alba.**

A' cur nan rudan iomchaidh a-mach,  
tha e a' tòiseachadh le bhith **ga lìonadh a-steach.**

[census.gov.scot](https://census.gov.scot)

## Tha Cunntas-sluaigh na h-Alba ga chumail a h-uile 10 bliadhna agus is e an cunntas oifigeil air gach neach anns an dùthaich. Feumaidh a h-uile teaghlach ann an Alba an cunntas-sluaigh a lìonadh a-steach agus le bhith ga dhèanamh tha iad a' cuideachadh gus cruth a chur air Alba san àm ri teachd.

Tha am fiosrachadh a thathar a' toirt anns a' chunntas a' cuideachadh gus co-dhùnaidhean a dhèanamh air mar a thèid airgead poblach a chosg air sgoiltean, rathaidean, ospadalan agus seirbheisean cudromach eile.

- ▶ Tha barrachd fiosrachaidh air mar a thathar a' lìonadh a-steach a' chunntais ri fhaotainn air làrach-lìn a' chunntais agus air a' cheisteachan
- ▶ Mura tèid agad air a lìonadh a-steach air an Lìon, faodaidh tu ceisteachan ann am pàipear iarraidh, an dara cuid le bhith a' tadhal air **[census.gov.scot](https://census.gov.scot)**, no fòn a chur dhan loidhne-chuideachaidh an-asgaidh againn air **0800 030 8308**
- ▶ Ma bhios cuideachadh sam bith a dhìth ort gus an cunntas a lìonadh a-steach no mura tèid agad air a lìonadh aig an taigh, faodaidh tu an loidhne-chuideachaidh an-asgaidh fhònadh
- ▶ Thèid fiosrachadh a' chunntais agad a thasgadh gu sàbhailte agus dèiligear ris ann an dìomhaireachd
- ▶ Tha cuideachadh is taic rim faotainn ann an cànanan is riochdan eile, Beurla, Braille agus an clò mòr nam measg.

## Cò ris a tha lìonadh a' chunntais an urra?

- ▶ Tha e an urra ri ceann an teaghlaich an ceisteachan mu chunntas an teaghlaich a lìonadh a-steach
- ▶ Is e an ceann-teaghlaich an neach a tha na chòmhnaidh, no a tha an làthair, aig seòladh:
  - aig a bheil/a ghabhas air mhàl/no aig a bheil e ann am pàirt an t-seilbh no
  - ris a bheil pàigheadh bilean is cosgaisean an teaghlaich an urra (no an urra ann am pàirt)
- ▶ Feumaidh a h-uile teaghlach ann an Alba ceisteachan mun chunntas a lìonadh a-steach
- ▶ Feumaidh daoine a tha os cionn 16 agus a' fuireach ann an àiteachan leithid tallachan-fuirich, taighean-cùraim no ostailean ceisteachan fa leth mun chunntas a lìonadh a-steach.